

1. Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig

Co-chomhairleachadh air an dreachd den Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2017 – 2022

Consultation on the draft National Gaelic Language Plan 2017 – 2022

Ùine a' Cho-chomhairleachaidh: 14 Gearran 2017 – 17 Cèitean 2017

Consultation Period: 14 February 2017 – 17 May 2017

Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 feumaidh Bòrd na Gàidhlig Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ullachadh agus a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba, plana anns am bu chòir molaidhean a bhith a tha ag innse mar a thèid dleastanasan a' Bhùird fon Achd a choileanadh. Sna molaidhean sin, feumaidh ro-innleachd a bhith ann airson a bhith ag adhartachadh, agus a' cuideachadh le bhith ag adhartachadh, cleachdadh agus tuigsinn na Gàidhlig, agus foghlam Gàidhlig, agus cultar na Gàidhlig.

Tha na dleastanasan a tha an Achd seo a' buileachadh air a' Bhòrd rin coileanadh le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla tro bhith a' meudachadh an àireamh dhaoine as urrainn Gàidhlig a chleachdadh agus a thuigsinn.

Ann a bhith ag ullachadh a' Phlana, feumaidh am Bòrd comhairle a ghabhail bho Phàrlamaid na h-Alba, dreachd den Phlana fhoillseachadh, sanasachd a dhèanamh air a' chothrom a th' ann gus beachdan a thoirt seachad mun dreachd den Phlana fad nan trì mìosan a mhaireas ùine a' cho-chomhairleachaidh, agus ealla a ghabhail ri beachdan sam bith a gheibh e san ùine sin.

Tha am Plana seo a' coileanadh a' chumha san Achd far am feumar Plana ùr a chur a-steach còig bliadhna às dèidh don Phlana as ùire a bhith air fhoillseachadh agus tha e gu soilleir a' comharrachadh nam prìomhachasan a th' ann airson na Gàidhlig agus ciamar a bu chòir ionmhas is stòrasan a bhith air an cur gu feum.

It is a requirement of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 that Bòrd na Gàidhlig must prepare and submit to the Scottish Ministers a National Gaelic Language Plan which should include proposals as to how it should exercise its functions under the Act. Those proposals must include a strategy for promoting, and facilitating the promotion of, the use and understanding of the Gaelic language, and Gaelic education and Gaelic culture.

The functions conferred on the Bòrd by the Act are to be exercised with a view to securing the status of the Gaelic language as an official language of Scotland, commanding equal respect to the English language through increasing the number of persons who are able to understand and use the language.

In preparing the Plan, the Bòrd must consult the Scottish Parliament, publish a draft of the Plan, publicise the opportunity to make representation about the draft Plan within three months of the launch of a consultation period, and also take into account any representation received within that period.

This Plan meets the Act's requirement for a revised Plan to be submitted five years after the most recent, and it clearly identifies the main priorities for Gaelic and where available resources should be directed.

2. Fiosrachadh | *Information*

* Fiosrachadh Pearsanta

Contact Information

Ainm *Name*

Buidhean *Organisation*

Seòladh 1 *Address 1*

Seòladh 2 *Address 2*

Baile-mòr/Baile
City/Town

Còd-puist *Postal Code*

Dùthaich *Country*

Seòladh puist-dealain
Email Address

Àireamh fòn *Phone*
Number

* Tha mi a' freagairt:

I am responding:

Mar neach fa leth *As an individual*

Às leth buidhne *On behalf of an organisation*

* **(Ma tha sibh a' freagairt mar neach fa leth)**

A bheil sibh ag aontachadh gum bi an fhreagairt agaibh follaiseach don phoball (air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig)?

(If you are responding as an individual)

Do you agree to your response being made public (on Bòrd na Gàidhlig's website)?

Tha *Yes*

Chan eil *No*

Chan eil seo iomchaidh *Not applicable*

* **(Ma tha sibh a' freagairt mar neach fa leth)**

Far nach deach iarraidh freagairtean a chumail dìomhair, bidh sinn a' foillseachadh na freagairt agaibh don phoball air an stèidh a leanas:

An cuireadh sibh tiog ann an AON de na bogsaichean:

(If you are responding as an individual)

Where confidentiality is not requested, we will make your responses available to the public on the following basis:

Please tick ONE of the following boxes:

- Seadh, faodaidh sibh an fhreagairt agam, m' ainm agus mo sheòladh fhoillseachadh *Yes, make my response, name and address all available*
- Seadh, faodaidh sibh an fhreagairt agam fhoillseachadh, ach às aonais m' ainm agus mo sheòladh *Yes, make my response available, but not my name and address*
- Seadh, faodaidh sibh an fhreagairt agus an t-ainm agam fhoillseachadh, ach às aonais mo sheòladh *Yes, make my response and name available, but not my address*
- Chan eil seo iomchaidh *Not applicable*

* **(Ma tha sibh a' freagairt às leth buidhne)**

Bidh ainm agus seòladh na buidhne agaibh air fhoillseachadh don phoball air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig.

A bheil sibh toileach ur freagairt a bhith air fhoillseachadh?

(If you are responding on behalf of an organisation)

The name and address of your organisation will be made available to the public on Bòrd na Gàidhlig's website.

Are you content for your response to be made available?

- Tha *Yes*
- Chan eil *No*
- Chan eil seo iomchaidh *Not applicable*

3. Ceistean | Questions

Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn?

The structure for the Plan consists of an aim, priority areas and commitments. Do you have any comments on how we have structured the Plan and the overall aim we have selected?

Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo?

We believe that the promotion of a positive image for Gaelic is essential and we think that the areas above are the key areas that can make a contribution to this. Do you have any comments on the areas we have selected or alternative suggestions?

Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig?

We believe education and Gaelic learning are central to this Plan. We have also listed the priority areas that we believe should be a focus for ongoing activity. Do you have any comments on this emphasis and on the priority areas selected for learning Gaelic?

4. Ceistean | Questions

Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig?

We believe the areas selected are important for promoting the increased use of Gaelic. Do you have any comments or suggestions you would like to make in relation to promoting the increased use of Gaelic?

Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum?

In questions 2, 3 and 4, you were asked about your views on the priority areas identified. In this question, we would like to hear any views or suggestions you may have on the key commitments we have identified and views on any key commitments you think should be included in order to make progress with the aim of increasing the number of people speaking, using and learning Gaelic in Scotland and the number of situations in which it is used?

Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingean eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal.

The earlier consultation questions have been fairly specific. If there are any other points you would like to make and feel you have not had the opportunity to do so, please write them below.